

Coimisean Napier


Chaidh **Coimisean** Napier a chur air bhonn ann an 1883 a rannsachadh suidheachadh **èiginneach** nan **croitearan**. Bha **connspaidean** mòra a' dol eadar **uachdarain** agus an sluagh a bha air an **lèireadh** leis na **màil** àrda, le dìth **chòraichean** air an fhearann, agus leis a' chunnart gum biodh iad air am **fuadach** airson àite a thoirt do **thuathanasan** mòra chaorach.

Bha sianar air a' **Choimisean**. Ged a bha na h-**uachdarain** fìor thoilichte leis na sia Coimiseanairean a chaidh a thaghadh, bha na Gàidheil **droch-amharasach** mun deidhinn. Bha iad an dùil gum biodh na **coimiseanairean** a' **taobhadh** ris na h-**uachdarain** leis gun robh iad fhèin nan daoine beairteach.



Fhad 's a bha an rannsachadh a' dol, bha na **Coimiseanairean** agus an luchd-naidheachd a' fuireach air gheat leis an nèibhidh, an *Lively*. Chaidh a' gheat a-null às an Eilean Sgitheanach a Bharraigh, à Barraigh dhan t-Òb, agus an uair sin a-mach a Hiort, mus tàinig i a Loch Ròdhag ann an Leòdhas. Chaidh i an uair sin timcheall Rubha Robhanais 's i a' dèanamh air Steòrnabhagh.

Air feasgar 7 Ògmhios 1883, chaidh an *Lively* air **sgeir** air an t-slighe a-steach a **chala** Steòrnabhaigh. Chaidh an sgioba agus an luchd-siubhail a shàbhaladh leis am *Mary Ann*, bàta à Glaschu le luchd de sgadan. Chaidh soitheach eile, an *North Star*, fhaighinn agus chùm na **Coimiseanairean** orra len obair aca.



Chruinnich an **Coimisean fianais** air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean le bhith ag èisteachd ri daoine a chaidh **fhuadach** far an **fhearainn** iad fhèin, air neo rin **sliochd**.



Chuir na **croitearan** fàilte air a' **choimisean**, ach bha manaidsearan nan **oighreachdan** amharasach mu dheidhinn agus feargach. Bha **uachdarain** agus **bàillidhean** a' **dìon** na rinn iad agus bha iad a' cumail a-mach gun robh atharrachadh a dhìth gus **piseach** a thoirt air **toradh** nan **oighreachdan**. Chuir **croitearan** an aghaidh seo le **fianais** air **dùmhhlachd** sluaigh, air droch ìre **bith-beò** agus air tinneasan.